

Tha Màiri Rothach ag innse mu na buannachdan a thig an cois leughaidh aig aois òg.

Bho chionn ghoirid, chaidh rannsachadh a chur air chois gus faighinn a-mach dè an rud as motha a tha a' cur ri comasan chloinne. 'S e ceist chudromach a tha seo oir tha comasan agus soirbheachadh air an dlùth-cheangal ri chèile. 'S dòcha gum biodh tu den bheachd gur e an togail a tha clann a' faighinn aig an taigh no cho math 's a tha foghlam na sgoile as cudromaiche. Bhiodh tu ceàrr. A rèir an rannsachaidh, chan eil càil cho cudromach ri leughadh airson toileachas.

Tha dà cho-dhùnadh shìmplidh ag èirigh às an rannsachadh seo: feumaidh pàrantan an cuid chloinne a mhisneachadh gus a bhith a' leughadh leabhraichean. Feumaidh sgoiltean barrachd cuideim a chur air litreachas. 'S e an trioblaid gu bheil e furasta an t-amas seo a chur an cèill ach doirbh a chur an gnìomh. Tha seo gu h-àraid fìor anns an Rìoghachd Aonaichte san latha an-diugh far a bheil an òigridh an sàs ann an iomadh cur-seachad eile. Tha teicneòlas ùr nas tarraingiche don mhòr-chuid den òigridh na tha leughadh.

Canaidh cuid gu bheil clann a' togail sgilean leughaidh leis an teicneòlas ùr seo: an t-eadar-lìon agus fònaichean-làimhe mar eisimpleir. Ach chan eil a' chùis cho sìmplidh ri seo. Tha a' chainnt a tha air a cleachdadh ann an teacsadh aig ìre gu math nas isle na bhiodh ann an litir. Chan eil an stoidhle sgrìobhaidh a chithear air an eadar-lìon cho beairteach ris na bhiodh ann an nobhail.

Tha e cudromach cuimhneachadh gu bheil diofar eadar balaich agus clann-nighean a thaobh a bhith a' leughadh airson toileachas. Anns an Rìoghachd Aonaichte, bidh clann-nighean a' leughadh barrachd air na tha balaich. Gu mì-fhortanach, chan eil iomhaigh ro mhath aig leughadh am measg bhalach a tha nan deugairean. Tha comasan nam balach mar sin a' fulang seach nach bi iad a' leughadh cho tric agus tha seo a' toirt buaidh air cho soirbheachail 's a bhios iad nan inbhich.

Ciamar a ghabhas an suidheachadh seo a leasachadh? Feumaidh sgoiltean, agus gu h-àraid roinnean Beurla agus Gàidhlig, a bhith tuigseach a thaobh nan leabhraichean a bheir iad do dheugairean. Mar as trice, 's iad na tidsearan a thaghas dè na leabhraichean a leughas na sgoilearan. Feumaidh tidsearan dèanamh cinnteach gun tagh iad leabhraichean a tha inntinneach dha na sgoilearan a tha a' fàs suas anns an latha an-diugh, chan e na leabhraichean as fheàrr leotha fhèin. Ma bhios aig sgoilearan ri leabhraichean a leughadh nach eil taitneach dhaibh, tha cunnart ann gun cuir iad cùl ri leabhraichean a leughadh uile-gu-lèir. Aig an taigh, feumaidh pàrantan ùine a chur seachad a' leughadh còmhla ri an cuid chloinne. Bu chòir dhaibh an cothrom a thoirt dhaibh feum a dhèanamh dhen leabharlann ionadail far am faod iad na leabhraichean a tha iad fhèin airson a leughadh a thaghadh. Agus, mu dheireadh, feumar an teachdaireachd seo a thoirt dhan chloinn: gu bheil leughadh nas cudromaiche na dad sam bith a thaobh a bhith a' toirt piseach air na comasan a th' aca.